


FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2018

Comharra



X832/75/01

Nàiseanta 5

DILUAIN, 4 ÒGMHÌOS

1:00 F – 2:40 F

Gàidhlig  
Leughadh  
Gàidhlig Reading



\* X 8 3 2 7 5 0 1 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh  
an t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns an leabhran.

Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiseadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 1 \*

*Tha an earrann a leanas ag innse dhuinn mu sgeama a bheir cothroman sònraichte do dh'òigridh.*

### Duais Diùc Dhùn Èideann

Tha seasgad bliadhna on a chaidh an carthannas Duais Diùc Dhùn Èideann a stèidheachadh anns an Rìoghachd Aonaichte. Taobh a-staigh bliadhna, bha na mìltean de dh'òganaich air a dhol an sàs anns an sgeama. San latha an-diugh, tha còrr is trì ceud mìle neach eadar ceithir bliadhna deug agus fichead bliadhna 's a ceithir a dh'aois a' gabhail pàirt ann. Tha a-nis cothrom aig òigridh ann an iomadh dùthaich air feadh an t-saoghail an sgeama a dhèanamh. 'S e prìomh amas an sgeama gun tig piseach air inntinn agus corp gach neach a thèid an sàs ann. Tha trì ìrean anns an sgeama: umha, airgead agus òr. Tha Duais Diùc Dhùn Èideann air a lìbhrigeadh le àrd-sgoiltean, clubaichean-òigridh agus còmhlain shaor-thoileach aig a bheil cead sònraichte an sgeama a ruith.

Chaidh an sgeama a chur air chois gus ùidh òigridh a thogail ann an ceithir prìomh roinnean. Anns a' chiad àite, feumaidh an òigridh seirbheis shaor-thoileach a thoirt seachad. Tha am pàirt seo den sgeama a' brosnachadh dhaoine òga gus cuideachadh a thoirt do dhaoine eile agus gus feum a dhèanamh anns na coimhearsnachdan aca. 'S e an dàrna pàirt den sgeama sgil sònraichte a thoirt air adhart. Bidh seo cuideachd a' toirt piseach air sgilean sòisealta na h-òigridh is iad a' dol am measg dhaoine eile. Tha leasachadh corporra cuideachd na phàirt cudromach den sgeama agus feumaidh an òigridh an comas ann an spòrs sònraichte no am fallaineachd a thoirt air adhart. 'S e a bhith a' dèanamh cuairt shònraichte an ceathramh pàirt den sgeama. Tha seo a' brosnachadh obair-sgioba agus a' toirt air an òigridh a bhith a' planadh agus a' dèiligeadh ri rudan ris nach eil iad cleachdte nam beatha làitheil.

'S e sgeama neo-fharpaiseach a th' ann an Duais Diùc Dhùn Èideann: tha prògram gach neach stèidhichte air na h-ùidhean agus na comasan a th' aige mus tòisich e air an sgeama. Tha e mar sin comasach do dhuine òg sam bith an duais a chosnadh. 'S e an òigridh fhèin a thaghas am prògram aca agus tha còir gum bi am prògram inntinneach agus buannachdail dhaibh. Feumaidh òigridh am prògram a choileanadh anns an ùine aca fhèin agus gu saor-thoileach. Bidh dùbhlàn nas motha ga chur mu choinneamh na h-òigridh mar a thèid iad tro na diofar ìrean den sgeama. Mar eisimpleir, bidh aca ri tòrr a bharrachd ùine a chur seachad aig ìre òir na chosg iad aig ìre umha. Chan eil e comasach prògram a chrìochnachadh taobh a-staigh ùine ghoirid. Bidh iad cuideachd air am misneachadh gus a bhith a' leantainn orra leis na diofar ghnothaichean anns a bheil iad an sàs às dèidh dhaibh an duais a chosnadh: gu dearbh bidh a' mhòr-chuid a ghabh pàirt san sgeama a' cumail orra le obair shaor-thoileach nuair a bhios iad nan inbhich.

Mur a do thòisich thu fhèin air Duais Diùc Dhùn Èideann ron a seo, feuch gun gabh thu an cothrom. Tha fada a bharrachd air pàipear-teisteanais anns an sgeama. Aig àm nuair a tha dìth-obrach àrd am measg òigridh, tha fianais chinnteach ann gu bheil an sgeama seo na fhìor bhuannachd do dh'òigridh ann a bhith a' faighinn dreuchd. Chan e a-mhàin gum faod iad iomradh a thoirt air an sgeama anns a' chlàr-beatha aca ach cuideachd gum faod iad bruidhinn mu na diofar sgilean agus eòlasan a fhuair iad tro bhith a' gabhail pàirt ann. Cha tèid gin de na duaisean seo a chosnadh gun fìor oidhirp chruaidh, ach gheibhear pailteas de mhisneachd agus fèin-mheas tro bhith ag obair gu dìcheallach tron sgeama. Aig seasgad bliadhna a dh'aois, cha robh an carthannas riamh cho cudromach dhan ghinealach òg agus dha na coimhearsnachdan anns a bheil iad a' fuireach 's a tha e san latha an-diugh.



## Ceistean

1. Thoir geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha a' sealltainn gu bheil sgeama Duais Diùc Dhùn Èideann air a bhith soirbheachail.

3

---

---

---

---

---

2. Ainmich dà sheòrsa buidheann a bhios a' ruith an sgeama seo.

2

---

---

3. (a) Carson a tha seirbheis shaor-thoileach mar phàirt den sgeama?

2

---

---

---

- (b) Seall mar a tha an sgeama a' dèanamh feum dha slàinte na h-òigridh.

2

---

---

---

- (c) Dè na sgilean a bhios an òigridh a' togail bho bhith an sàs ann an cuairt shònraichte?

3

---

---

---

---



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 3 \*

4. Seall mar a tha an sgeama freagarrach dhan a h-uile duine òg.

4

---

---

---

---

---

---

---

5. Ainmich dà dhòigh anns a bheil an ìre as àirde den sgeama diofraichte bhon ìre as ìsle.

2

---

---

---

---

6. (a) Seall mar a tha an sgeama ag amas air buaidh fad-beatha a thoirt air an fheadhainn a ghabhas pàirt ann.

1

---

---

---

(b) Thoir seachad eisimpleir air cho soirbheachail 's a tha an t-amas seo.

1

---

---

---



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 4 \*

7. Tha an t-ùghdar a' moladh an sgeama seo dhan òigridh. Dè na h-adhbharan a tha e a' toirt seachad airson sin a dhèanamh?

3

---

---

---

---

---

---

---

8. (a) Nad bheachd, carson a tha an sgrìobhadair ag ràdh nach tèid *na duaisean seo a chosnadh gun fìor oidhirp chruaidh*?

2

---

---

---

---

- (b) Dè na buannachdan a gheibh òigridh a dh'obraicheas gu cruaidh tron sgeama?

2

---

---

---

---

[Tionndaidhaibh airson an ath cheist



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 5 \*

9. (a) Nad bheachd, cò an luchd-leughaidh air a bheil an earrann seo ag amas?

1

---

---

- (b) Inns carson a tha thu den bheachd seo. Tog air an earrainn nad fhreagairt.

2

---

---

---

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 6 \*







FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2018

Comharra



X832/75/02

Nàiseanta 5

DILUAIN, 4 ÒGMHÌOS

1:00 F – 2:40 F

Gàidhlig  
Litreachas  
Gàidhlig Literature



\* X 8 3 2 7 5 0 2 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh  
an t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairt gu soilleir anns an leabhran.

Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhraìn nam freagairtean eile ann airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Leughadh ann an leabhraìn nam freagairtean airson Leughadh.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* X 8 3 2 7 5 0 2 0 1 \*

## Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

### Bàrdachd

1. Sgrìobh mu phìos bàrdachd anns an robh teachdaireachd inntinneach. Inns mu na sgilean sònraichte a chleachd am bàrd/a' bhana-bhàrd gus an teachdaireachd a chur fa chomhair an leughadair.

### Sgeulachd ghoirid

2. Tagh sgeulachd ghoirid a tha air a neartachadh le sgilean sgrìobhaidh sònraichte. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair na sgilean sgrìobhaidh gus an sgeulachd a dhèanamh cho soirbheachail.

### Nobhail

3. Sgrìobh mu nobhail a leugh thu anns a bheil cuspair/cuspairean sònraichte. Inns mu na dòighean a chuir an sgrìobhadair an cuspair/na cuspairean fa chomhair an leughadair.

### Dràma

4. Inns mu dhealbh-chluich Gàidhlig a leugh thu no a chunnaic thu agus a chòrd riut. Mìnich mar a rinn an sgrìobhadair an dealbh-chluich cho tarraingeach dhut.

### Film/Telebhisean

5. Tagh film no prògram Gàidhlig a chùim d' aire fhad 's a bha thu ga choimhead. Mìnich mar a thug am film/am prògram buaidh ort. Beachdaich air plot, caractaran, suidheachadh no rud sam bith eile a tha freagarrach.



\* X 8 3 2 7 5 0 2 0 2 \*















FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2018

Comharra



X832/75/03

Nàiseanta 5

DILUAIN, 4 ÒGMHÌOS

3:00 F – 3:25 F

Gàidhlig  
Èisteachd  
Gàidhlig Listening



\* X 8 3 2 7 5 0 3 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh  
an t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 20

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson nan ceistean a leughadh.**

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnann san leabhran. Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu seòmar nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainne.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 8 3 2 7 5 0 3 0 1 \*

## Comharran gu lèir — 20

## Ceistean

1. Càite a bheil am Parbh? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
2. Ainmich dà rud a tha a' dèanamh na sgìre bòidheach, a rèir Catrìona. 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
3. (a) Ciamar a tha an t-àite mar eilean iomallach? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
- (b) Dè tha ga dhèanamh fiadhaich mar àite? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
4. Inns mar a tha togalaichean an taigh-sholais air an cleachdadh san latha an-diugh. 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_
5. Ciamar a gheibh daoine chun an taigh-sholais? 2
- \_\_\_\_\_
- \_\_\_\_\_



## Ceistean (a' leantainn)

6. Cuin a bha am Parbh cudromach do na Lochlannaich? 1

---

---

7. Dè tha air innse dhuinn mu na croitearan? 2

---

---

---

8. Ainmich dà rud a tha a' dèanamh na sgìre prìseil san latha an-diugh. 2

---

---

9. (a) Dè am prìomh amas a chanadh tu a bha aig a' phrògram? 1

---

---

(b) A' cleachdadh fianais bhon phrògram, seall dè cho soirbheachail 's a choilean e amas. 2

---

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



\* X 8 3 2 7 5 0 3 0 3 \*





[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 8 3 2 7 5 0 3 0 6 \*

*duilleag 06*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



*duilleag 07*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 8 3 2 7 5 0 3 0 8 \*

*duilleag 08*





Teisteanais  
Nàiseanta  
2018

**X832/75/13**

**Nàiseanta 5**

DILUAIN, 4 ÒGMHÌOS

3:00 F – 3:25 F

**Gàidhlig  
Earrann Èisteachd**  
Gàidhlig  
Listening Transcript

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

Tha am pasgan seo ann airson an tidseir a chleachdadh ma bhios duilgheadas ann leis an diosg no na h-innealan, no far a bheil cead air a thoirt seachad ro làimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte. Feumar an stuth a leughadh dìreach mar a tha e sgrìobhte.

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



\* X 8 3 2 7 5 1 3 \*

**Stiùiridhean airson leughadair(ean):**

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharraichde le **(b)** agus fireannach airson **(f)**; agus neach-teagaisg far a bheil **(n—t)**.

**Instructions to reader(s):**

Read the passage twice with an interval of 5 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(b)** should be read by a female speaker and those marked **(f)** by a male; those sections marked **(n—t)** should be read by the teacher.

*(1 mionaid)/(1 minute)*

**(n—t)** Èistibh ri prògram rèidio anns a bheil Catriona NicLeòid a' bruidhinn mu thuras a ghabh i.

**(b/f)** 'S e am Parbh an t-ainm a th' air an sgìre aig fìor iar-thuath tìr-mòr na h-Alba. Tha an sgìre fhèin eireachdail a thaobh bòidhchead na tìre le creagan àrda agus stacan mòra ag èirigh mar fhuamhairean às a' mhuir. Ann an dòigh, tha am Parbh coltach ri eilean iomallach oir faodar iomadh mìle a choisreachd gun duine, rathad no taigh fhaicinn. Air latha stoirmeil chithear cho fiadhaich 's a dh'fhaodas an sgìre a bhith le cumhachd na gaoithe a' togail nan tonn thar nan cladaichean.

Ach a dh'aindeoin 's gur e àite iomallach a th' ann, bidh e a' tàladh gu leòr luchd-turais. Aig mullach nan creagan tha taigh-solais a chaidh a thogail bho chionn dà cheud bliadhna. Chan eil duine an urra ri na solais an-diugh a chionn gu bheil innealan gan cumail a' dol. Tha na togalaichean a-nis nan dachaigh do theaghlach a tha a' ruith cafaidh beag do luchd-turais. Airson grunn adhbharan, chan eil e furasta faighinn thuige. An toiseach, feumar bàt'-aiseig beag a ghabhail gus faighinn thairis air Caolas Dhiùranais. Cha ghabh am bàta càraichean agus mar sin, feumar coiseachd no a dhol air baidhsagal air an rathad chumhang, gharbh eadar an t-aiseag agus an taigh-solais.

Ann an eachdraidh, bha am Parbh cudromach do na Lochlannaich mar chomharra-stiùiridh airson nan longan mòra aca 's iad a' seòladh sìos an cost an iar. Bha lochan-mara na sgìre cudromach ann a bhith a' toirt fàsadh do bhàtaichean aig àm an Dàrna Cogaidh. B' àbhaist do mu cheathrad duine a bhith a' dèanamh am beòshlaint air croitean a bha sgapte air feadh na sgìre ach dh'fhalbh na croitearan mu dheireadh às dèidh an Dàrna Cogaidh. San latha an-diugh, bidh an t-arm a' cleachdadh a' Phairbh airson trèanadh bho àm gu àm. Feumar an sgìre a dhùnadh do luchd-turais aig na h-amannan sin. Ach ged a tha an t-arm ga chleachdadh san dòigh seo 's e àite air leth prìseil a th' ann a thaobh lusan, beathaichean fiadhaich agus eòin.

Thathar a' meas gu bheil mu chòig mìle luchd-turais a' tadhal air a' Pharbh gach bliadhna, rud a tha feumail do eaconamaidh na sgìre. Ach nam bheachd-sa tha sin gu leòr gus nach bi bòidhchead agus sàmhchair an àite air am milleadh.

**[CRÌOCH NA H-EARRANN]**